

7 Dàmhair 2025

A Phàrant/Neach-cùraim chòir

Anns an Ògmhios 2025, thadhail sgioba luchd-sgrùdaidh bho Fhoghlam Alba air Bun-Sgoil agus Sgoil-àraich Shlèite. Rè ar turais, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri clann agus dh'obraich sinn gu dlùth leis a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na bun-sgoile agus na sgoil-àraich.

- Tha an ceannard agus luchd-obrach ag obair gu math còmhla gus dàimhean fàilteach, taiceil a chruthachadh le clann, le pàrantan agus leis a' choimhearsnachd.
- Tha sgioba an luchd-obrach a' toirt taic mhath do chlann a thaobh sunnd is ionnsachadh agus a bhith a' faireachdainn gum buin iad ris a' bhun-sgoil.
- Tha clann càirdeil, modhail agus dealasach air soirbheas. Tha iad a' dol an sàs gu math ann an ionnsachadh a tha pearsanaichte a thaobh coileanadh am feumalachdan.
- Tha sgioba an luchd-obrach san sgoil-àraich a' cleachdadh làn-bhogaidh gu sgileil. Tha tuigse làidir aig a' chloinn air a' Ghàidhlig agus bidh iad ga cleachdadh gu ìre nuair a tha iad a' cluiche.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus chaidh beachdachadh orra leis a' cheannard agus riochdaire bho Chomhairle na Gàidhealtachd.

- Bu chòir don bhun-sgoil eòlasan na cloinne a mheudachadh a bharrachd gus dèanamh cinnteach gu bheil barrachd luaths, dùbhlán agus cruthachalachd ann an ionnsachadh, le teicneòlas didseatach ga chur gu feum barrachd. Aig ìrean nas sine de Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig, feumaidh ionnsachadh is teagasg na cloinne air fad a bhith sa Ghàidhlig.
- Bu chòir don cheannard is luchd-obrach leantainn orra ag àrdachadh buileachadh ann an litearrachd agus àireamhachd tro mheadhan na Gàidhlig agus na Beurla. Airson clann ann am foghlam tro mheadhan na Beurla, bu chòir don cheannard is luchd-obrach a bhith ag àrdachadh buileachadh ann an Gàidhlig (Luchd-ionnsachaidh).
- Bu chòir don cheannard ùine a dhìon gus leasachaidhean ro-innleachdail a stiùireadh ann an eòlasan ionnsachaidh na cloinne agus ann a bhith ag àrdachadh buileachadh. Mar phrìomhachas air thoiseach, bu chòir a bhith a' stiùireadh, ann an co-obrachadh le luchd-pàirt, curraicealam a tha nas tionnsgalaiche a tha a' coileanadh feumalachdan ionadail na bun-sgoile.

Thionail sinn fianais gus cothrom a thoirt dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile, a' cleachdadh shlatan-tomhais deagh-ghnè à [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(4^{mh} eagra\)](#) agus [Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram-chloinne?](#). Bidh slatan-tomhais deagh-ghnè a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh a thoirt seachad air dè tha ag obair gu math agus dè tha feumach air leasachadh. An dèidh sgrùdadh gach sgoile, bidh Riaghaltas na h-Alba a' tional nan luachaidhean againn gus lorg a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean ann an Alba a' dèanamh.

Seo na luachaidhean a rinn Foghlam Alba air Bun-sgoil Shlèite

Slatan-tomhais deagh-ghnè airson na bun-sgoile	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	riarachail
Gheibhear tuairisgeulan air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (4^{mh} eagra) , Pàipear-taice 3: An sgèile sia-puing	

Slatan-tomhais deagh-ghnè airson na sgoil-àraich	Luachadh
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	math
A' dìon adhartas chloinne	math
Gheibhear tuairisgeulan air na measaidhean aig: Dè cho math 's a tha ar tràth-ionnsachadh agus ar cùram chloinne? Eàrr-ràdh 1: An sgèile sia puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidich, air a bheil Gheàrr-iomradh air Toraidhean Sgrùdaidh (SIF), ri faotainn air làrach-lìn Foghlam Alba aig: [Bun-sgoil Shlèite | Aithisg Sgrùdaidh | Foghlam Alba](#)

Dè thachras a-nis?

Tha sinn misneachail gu bheil an comas aig an sgoil leantainn orra a' leasachadh. Mar sin, cha tadhail sinn air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh seo. Bidh Comhairle na Gàidhealtachd a' cur fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean aca airson aithris air càileachd nan sgoiltean aca.

Joan C. Esson
Neach-sgrùdaidh an Rìgh